



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

COIMISEAN NA CROITEARACHD

POILEASaidh Dìon Dàta

TIONNDADH 0.3

Ath-sgrùdadh Deireannach: 23 Lùnastal 2019

An Ath Ath-sgrùdadh: 20 Sultain 2020

Cùl-fhiosrachaidh

Thàinig Riaghailt Choitcheann Dion Dàta (GDPR) gu bith air 25 Cèitean 2018. A dh'aindeoin 'Brexit', fuirichidh an Riaghailt ùr na h-àite air a meudachadh leis an Achd Dion Dàta 2018 don RA.

Tha an sgrìobhainn Stiùiridh seo air a dheilbh gus modh-obrach Coimisean na Croitearachd a thaobh GDPR a mhìneachadh agus a' mìneachadh Poileasaidh a' Choimisein air Dion Dàta. Thèid a chumail fo ath-sgrùdadh mar a bhios na h-atharrachaidhean ann an cleachdadh gam fighe a-steach tarsainn na buidhne.

Dàta pearsanta

Fo Artaigil 5 den GDPR, is e dàta pearsanta fiosrachadh sam bith co-cheangailte ri pearsa beò a ghabhas a ainmeachadh gu dìreach no neo-dhìreach, gu h-àraid le iomradh do neach-ainmeachaidh.

Tha am mìneachadh seo a' toirt seachad raon farsaing de chomharran gus dàta pearsanta a cho-dhèanamh, a' gabhail a-steach ainm, àireamh comharrachaidh, dàta àite no ainmichear air-loidhne, a' nochdadh atharrachaidhean ann an teicneòlas agus san dòigh a tha buidhnean a' tional fiosrachaidh mu dhaoine. Tha e a' ciallachadh cuideachd nam b' urrainn pìosan dàta a chur còmhla, dh'fhaodadh iad dàta a chruthachadh a dh'ainmicheas neach.

Tha seo a' beantainn don dà chuid dàta pearsanta meiceanaigeach agus do shiostaman faidhlidh làimhe, far a bheil dàta pearsanta ruigsinneach a rèir slatan-tomhais sònraichte. Ann an co-dhùnadh a bheil dàta pearsanta ann am pàipear, gabhaidh sinn cunntas air an t-susbaint – tha cuid de nithean faicsinneach ach chan eil feadhainn eile, gus an tèid an cur còmhla.

Dè Th' ann An Giullachd Dàta?

Tha sinn a' giullachd dàta ma tha e -

- a) Air a ghleidheadh gu h-eileagtronaigeach no le làimh
- b) A' dèanamh suas pàirt de shiostam faidhlidh
- c) A' dèanamh suas pàirt de chlàr ruigsinneach
- d) Clàraichte le ùghdarras poblach.

Prionnsapalan GDPR

Tha GDPR stèidhichte mun cuairt sia prionnsapalan de 'deagh làimhseachadh fiosrachaidh':

1. Pròiseas Laghail, Cothromach agus Fosgarra – dèiligeadh leis gach neach san aon dòigh
2. Cuibhreachadh giullachd gu adhbhar sònraichte
3. Fìor-lùghdachadh Dàta – giullachd dìreach an dàta a dh'fheumar, gun nì a bharrachd.
4. Mionaideachd – cumail fiosrachadh às ùr.
5. Cuibhreachd Stòrachd – gleidheadh dàta pearsanta cho fada 's a dh'fheumar airson giullachd.
6. Ionracas agus Dìomhaireachd – cùm e tèarainte.

Tha na prionnsapalan sin a' dèanamh suas brìgh an Riaghailt agus a' toirt chòraichean do dhaoine fa leth a thaobh an dàta pearsanta, agus a' cur dleastanas air buidhnean aig a bheil uallach airson a ghiullachd.

Còraichean Dhaoine Fa Leth

Tha ochd còraichean aig cuspairean dàta (daoine) fo lagh Dìon Dàta. Dhiubh sin, tha sia a' beantainn do Choimisean na Croitearachd:

Còir A Bhith Air D' fhiosrachadh

- Tha còir aig daoine fa leth a bhith air am fiosrachadh mu dheidhinn mar a tha sinn a' làimhseachadh dàta agus dè an dàta pearsanta a tha sinn a' giullachd. Tha a' chòir agad fios a bhith agad cò sinn agus mar a nì thu conaltradh rinn; an t-adhbhar gu bheil sinn a' giullachd an dàta agad agus ar bunait laghail aison sin a dhèanamh. Tha còir fios a bhith agad mun t-seòrsa de dhàta pearsanta a tha sinn a' giullachd, cò leis a tha sinn ga roinn, dè cho fada 's a tha sinn ga chumail agus tha còraichean eile agad co-cheangailte ri cleachdadh air do dhàta pearsanta. Feumaidh fios a bhith agad gun urrainn dhut gearan rinn ma tha thu den bheachd gu bheil sinn a' dèanamh mì-fheum air an dàta agad, agus feumaidh sinn innse dhut mar a nì thu gearan don Choimiseanair Fiosrachaidh, a tha a' marasgladh an GDPR agus DPA (Achd Dìon Dàta 2018).

Feumaidh sinn a bhith soilleir riut cuideachd ma tha dleastanas ort do dhàta pearsanta a thoirt dhuinn (a' ciallachadh nach urrainn dhut gearan mun ghiullachd). Agus tha am fiosrachadh seo ri fhaighinn aig a' chiad choinneachadh, nuair a gheibhear an dàta no far a bheilear a' faighinn an dàta bho threas pàrtaidh, taobh a-staigh mìos de sinn fhaotainn.

Tha an Comisean sa mhòr-chuid a' gèilleadh do 'Còir a Bhith Air D' fhiosrachadh' le bhith a' cruthachadh Fiosan Prìobhaideachd do gach aon de ar diofar phròiseasan agus cuideachd a' taisbeanadh Fios Prìobhaideachd coitcheann air an làrach-lìn, gus am faic neach sam bith ar modh-obrach mus cuir iad fios thugainn. Far nach eil e freagarrach Fios Prìobhaideachd a sgaoileadh, tha sinn air diofar theamplaidean litreach atharraichte a chruthachadh agus fiosrachadh ath-sgrùdaichte do phuist-dealain.

Còir Ruigsinneachd (SAR)

- Air dàta pearsanta a tha air a ghiullachd leis a' Choimisean. Tha ruigsinneachd cuspair a' comasachadh do dhaoine faighinn a-mach dè am fiosrachadh a tha air a chumail mun deidhinn agus cò a chì e. Faodaidh a' chòir seo a cur an cèill tro iarrtas ruigsinneachd sgrìobhte air cuspair, a dhèanamh (SAR).

Tha ruigsinneachd air cuspair a' ceadachadh do dhaoine fa leth mionaideachd dàta pearsanta fhìreanachadh agus laghalachd na giullachd.

Faodaidh an Coimisean iarrtas SAR fhaighinn ann an litir no post-d. Bu chòir dearbh-aithne an neach-iarraidh a bhith air fhìreanachadh. Gu h-àbhaisteach, thèid na h-iarrtasan a chrìochnachadh an-asgaidh taobh a-staigh aon mhìos den mhìosachan.

Ceartachadh

- Ceartachadh mhearachdan co-cheangailte ri dàta pearsanta.

Dubhadh Às (Còir A Bhith Air Do Dhìochuimhneachadh)

- Far nach eil dàta tuilleadh buntainneach, air a ghiullachd gu mì-laghail no gum bu mhath leis an neach an cead a tharraing; ma thathar an eisimeil cead.

Cuibhreachadh

- Airson ùine far a bheil strì an aghaidh dàta no gu bheil a' ghiullachd mì-laghail. Tha seo a' ciallachadh nach urrainn don dàta a bhith air a ghiullachd nas fhaide agus chan urrainnear a dhubhadh às. Tha e mar gum biodh an dàta air a 'reothadh'.

Còir Gearain

- Gu giullachd (me, margaideachd). Is ann dìreach aig amannan ainneamh a bhios cuspair an dàta comasach air gearan don Choimisean a bhith a' giullachd dàta pearsanta a fhuair, mas e 'dleastanas laghail' a' bhunait laghail.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu chòraichean chuspairean dàta, faicibh [Stiùireadh ICO](#).

Bunait Laghail airson Giullachd

Gus gèilleadh don chiad phrionnsapal de GDPR, feumaidh bunait laghail a bhith againn airson dàta pearsanta a ghiullachd. Tha sia rim faotainn:

Dleastanas Laghail	Cead	Cùmhnant
Ùidh Dheatamach	Obair Phoblach	Ùidh Dhligeach

Chan eil e coltach gun cleachd an Coimisean a' bhunait laghail 'Ùidhean Deatamach', oir tha seo airson suidheachaidhean 'beatha no bàs' a chòmhdachadh.

De na bunaitean laghail eile, bidh an Coimisean mar as trice a' cleachdadh 'dleastanas laghail' gus dàta pearsanta a ghiullachd. Tha seo a chionn 's gu bheil sinn fo dhleastanas laghail an dàta fhaotainn, oir tha sinn buailteach do na h-Achdan Croitearachd, agus tha cuspairean an dàta ann an cùisean riaghlaidh, dleastanasan, ionaltraidh agus clàraidh buailteach do fhiosrachadh a thoirt dhuinn.

Gu ìre nas lugha, tha sinn an urra ri Cead (mar eisimpleir, nuair a tha cucaidhean gan cleachdadh air an làrach-lìn no gu bheil sinn airson dealbhan togte a chleachdadh san Aithisg Bhliadhnail), ùidhean dligeach (mar eisimpleir, gus cleachdadh eadar-lìn le luchd-obrach a sgrùdadh) agus obair phoblach (mar eisimpleir, gus dleastanasan a choileanadh fo FOISA).

Chan eil giullachd laghail ach nuair as urrainn dhuinn earbsa a chur ann am bunait laghail, mar a tha mìnichte ann an Artaigil 6 de GDPR agus feumaidh sinn an t-adhbhar a thaisbeanadh gu bheil a' bhunait laghail shònraichte co-cheangailte ris a' phìos giullachd shònraichte – mura h-urrainn dhuinn seo a thaisbeanadh, bidh a' ghiullachd mì-laghail agus bidh an Coimisean a' briseadh lagh Dìon Dàta. Feumaidh sinn cuspairean dàta fhiosrachadh mun bhunait laghail airson an dàta a ghiullachd, anns an Fhios Phrìobhaideachd no ann an litrichean buntainneach. Bidh e suas ris an Àrd-Oifigear mar Oifigear Cunntachail, no leis an SIRO (Àrd-Shealbhadair Fiosrachaidh Cunnart) na na IAOan (Sealbhadairean So-mhaoin Fiosrachaidh) co-dhùnadh dè a' bhunait laghail a tha co-cheangailte ris gach seòrsa giullachd a tha air a choileanadh leis a' Choimisean.

Tha GDPR a' tuigsinn gum feum cuid de bhuidhnean dàta pearsanta a ghleidheadh gus a thasglannadh airson rannsachadh eachdraidheil (Artaigil 89). Chan eil seo a' ciallachadh gun urrainn don Choimisean gach nì a tha aosta a chumail – feumaidh fhathast bunait laghail a bhith againn airson dàta pearsanta sam bith a ghiullachd, ach tha e a' ciallachadh ann an suidheachaidhean far am feum sinn am beagan as lugha de dhàta pearsanta a ghleidheadh gus comasachadh dhuinn eachdraidh na croite a 'leughadh', tha e dligheach sin a dhèanamh.

Seòrsaichean Sònraichte de Dhàta Pearsanta agus Dàta Dhìtidhean Eucoir is Oilbheum

Fo Artaigilean 9 is 10 de GDPR, tha an dàta pearsanta (mar a tha air iomradh gu h-ìosal) nas dìomhair, ag iarraidh barrachd dìon mus gabh e a ghiullachd. Dh'fhaodadh a bhith a' cumail an seòrsa dàta seo, barrachd chunnartan sònraichte a chruthachadh a thaobh chòraichean agus saorsa bunaiteach neach sam bith.

- Cinneadh
- Tùs cinnidheach
- Aomadh poiliteigeach
- Creideasan creideimh/feallsanachd
- Ballrachd aonaidh ciùird
- Gintinneachd
- Bith-meatrachd (cleachdte airson adhbharan id)
- Slàinte
- Beatha fheiseil
- Aomadh gnèitheach
- Dìtidhean is Eucoir Oilbheum (a' gabhail a-steach chasaidean).

Is e an ro-bheachd, on a dh'fhaodadh fiosrachadh mu na cùisean sin a chleachdadh ann an dòigh leth-breitheach, agus coltach a bhith de nàdar prìobhaideach, tha feum air a làimhseachadh le cùram nas motha na dàta pearsanta eile.

Ma dh'fheumas an Coimisean dàta pearsanta de sheòrsa shònraichte a ghiullachd gus fuincsean a tha e mar fhiachaibh air a chrìochnachadh, **FEUMAR** cead sgrìobhte sònraichte fhaighinn bhon chuspair dàta mus bi a' ghiullachd crìochnaichte. Cha bu chòir a ghiullachd ach an dàta pearsanta sin a tha gu sònraichte air iarraidh. Cha bu chòir do nì a bharrachd no air nach eil feum, a bhith air a chumail. Bu chòir a thilleadh no a dhubhadh às.

Tha dàta pearsanta co-cheangailte ri eucoir, dìtidhean eucoir no casaidean mu gnìomhachd eucorach, còmhdaichte le Stiùireadh Sparraidh Lagh ùr agus Artaigil 10 de GDPR. Chan eil ùghdarras aig a' Choimisean dàta pearsanta co-cheangailte ri gnìomhachd eucorach a ghiullachd, mura robh e fhèin ag aithris air croitear gu Neach-casaid a' Chrùin airson neo-thilleadh air Fios Bliadhnail agus bu chòir litrichean sam bith a fhuair a' bheil a leithid sin de fhiosrachadh a thilleadh gu an t-seòladair, oir cha ghabh e a ghiullachd.

Smachdairean is Pròiseasaran Dàta

- Tha “smachdair dàta” a' dearbhadh nan adhbharan do bheil agus an dòigh sam bi dàta pearsanta sam bith air a ghiullachd.
- Feumaidh smachdairean a dhèanamh cinnteach gu bheil giullachd sam bith air dàta pearsanta ris a bheil iad an urra, a' gèilleadh do reachdas. Tha fàillingeadh air sin a dhèanamh, a' tarraing gnìomh sparraidh, fiù casaideadh agus tagraidhean dìolaidh bho dhaoine fa leth. Tha tuilleadh dhleastanasan air smachdairean dàta gus a dhèanamh cinnteach gu bheil cùmhnantan sam bith le pròiseasaran a' gèilleadh do lagh Dìon Dàta.
- Tha uallach air “pròiseasar dàta” airson dàta pearsanta a ghiullachd às leth smachdair.
- Tha lagh Dìon Dàta a' càradh dhleastanasan laghail air pròiseasaran m.e. an riatanas air clàran de dhàta pearsanta is gnìomhachdan giullachd a chumail. Tha buailteachd laghail air a' phròiseasar ma tha iad cunntachail airson briseadh air dàta pearsanta.
- Sa mhòr-chuid de na tar-ghnìomhan againn, is e an Coimisean an Smachdair Dàta.

Aontaidhean Roinn Dàta

Faodaidh Smachdair Dàta dàta a roinn le buidheann eile no le pàrtaidhean sònraichte eile, ma tha seo na phàirt riatanach den ghiullachd, a tha a' cumail ris a' bhunait laghail sa bheil sinn ag earbsa. Ma tha e deatamach an dàta pearsanta a roinn gus a' ghiullachd a chrìochnachadh, bu chòir do na cumhachan fo bheil seo air a làimhseachadh a bhith air am mìneachadh ann an aonta roinn dàta eadar na pàrtaidhean. Feumaidh na cuspairean dàta a bhith mothachail gu bheil roinn dàta a' tachairt.

Cùmhnantan

Tha grunn cùmhnantan aig a' Choimisean. Far a bheil an Coimisean mar an smachdair dàta, feumaidh sinn a dhèanamh cinnteach gu bheil an cùmhnant air

ùrachadh gus gèilleadh le GDPR. Far a bheil an Coimisean a' co-roinn cùmhnant, feumaidh sinn a dhèanamh cinnteach gu bheil am pàrtaidh stiùiridh air daingneachadh gu bheil an cùmhnant a' gèilleadh do GDPR.

Clàran Gleidhidh

Gus gèilleadh do Phrionnsapal 5 de GDPR, tha e cudromach do bhuidheann clàran aontachadh a tha a' mìneachadh dè cho fada 's a bhios fiosrachadh, a' gabhail a-steach dàta pearsanta, ga chumail. Tha sreath de chlàran gleidhidh aig a' Choimisean. Tha iad sin air an cumail fo ath-sgrùdadh.

Measaidhean Buaidh Prìobhaideachd/Measaidhean Buaidh Dìon Dàta

Tha an Coimisean air Fiosrachaidh ag iarraidh buidhnean fhaicinn a' fighe a-steach dìon dàta agus còraichean prìobhaideachd dhaoine fa leth do na pròiseasan aca. Is e aon dòigh air fianais a thoirt seachad gu bheil an Coimisean trom-chuiseach mu dhìon chòraichean cuspairean dàta, Measaidhean Buaidh Prìobhaideachd no Measaidhean Buaidh Dìon Dàta a choileanadh do phròiseactan uile a tha an lùib dàta pearsanta.

Faodaidh iad sin a bhith mòr no beag agus a' gabhail a-steach:

- Iomairtean, poileasaidhean no pròiseasan ùra sam bith
- Solar/cùmhnantan
- Siostaman IT ùra
- Foirmean/notaichean stiùiridh

Bu chòir an t-Oifigear Dìon Dàta fhiosrachadh mu phlanaichean tràth san ìre leasachaidh, gus an gabh comhairle a thoirt seachad gus cunnartan sam bith co-cheangailte ri giullachd dàta pearsanta, a lasachadh.

Tha crìochnachadh air Measadh Buaidh Priobhaideachd a' dèanamh pròiseact nas fhosgarr agus a' cuideachadh dhaoine gu tuigsinn mar a tha dàta pearsanta ga chleachdadh. Cuidichidh e le cunnartan a chomharrachadh agus na gnìomhan a ghabhas an gabhail gus na cunnartan sin a lùghdachadh. Nì e cinnteach cuideachd gu bheil pàrtaidhean buntainneach air an dèanamh mothachail do na molaidhean agus do na cunnartan a tha air an cur ris a' Chlàr Chunnartan, ma tha e riatanach agus ùghdarraichte aig an ìre iomchaidh, leis an t-Sealbhadair So-mhaoin Fiosrachaidh no leis an SIRO.

Oifigear Dìon Dàta (DPO)

Tha uallach air an DPO airson comhairle agus stiùireadh a thoirt do Choimisean na Croitearachd, gus a chuideachadh gu a dhleastanasan a choileanadh fon lagh Dìon Dàta.

Bu chòir don DPO:

- Comhairle agus stiùireadh a thoirt don Choimisean agus a chosnaichean, air na riatanasan fo Dìon Dàta, a' gabhail a-steach trèanadh luchd-obrach
- Cumail sùil air gèilleadh a' Choimisein
- A bhith a' co-chomhairleachadh agus a' toirt seachad comhairle aig àm Measaidhean Buaidh Dìon Dàta
- A bhith mar chiad phuing conaltraidh do 'cuspairean dàta' fa leth agus co-obrachadh is co-chomhairleachadh le Oifis a' Choimiseanair Fiosrachaidh

Tha uallach air DPOan airson sgrùdaidhean dàta a choileanadh agus a bhith a' marasgladh a' bhuileachaidh air modhan gèillidh. Feumaidh an DPO a bhith comasach air gnìomhadh gu neo-eisimeileach bhon àrd-sgioba stiùiridh, a thuilleadh air a bhith ag aithris dìreach chun a' Bhùird, chun na comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus chun an Oifigeir Chunntachail, a thogail draghan sam bith.

Tachartasan Briseadh Dàta – Seachnadh, Aithneachadh is Aithris

Tha an GDPR ag iarraidh gun dèan an Coimisean giullachd air dàta pearsanta ann an dòigh a tha a' dèanamh cinnteach à tèarainteachd (Prionnsapal 6). Tha againn ri ceumannan teicnigeach is eagrachail iomchaidh a ghabhail gus dàta pearsanta a dhìon. Tha sinn a' dèanamh seo tro phoileasaidh làidir IT air tèarainteachd, a tha ga chumail fo ath-sgrùdadh, le bhith a' dèanamh cinnteach gun cùm luchd-obrach ri ceumannan tèarainteachd leithid am poleasaidh falamhachaidh deasg agus le bhith a' trèanadh luchd-obrach mu tèarainteachd saidhbeir agus cumail fiosrachadh sàbhailte.

Tha trèanadh dìreach air GDPR air a lìbhrigeadh do luchd-obrach uile, buill agus Bòrd na Com ataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Tha seo a' gabhail a-steach mìneachadh air dè a tha a' co-dhèanamh briseadh dàta, agus fios a leigeil air tachartas. A thuilleadh air sgrìobhainn mionaideach stiùiridh luchd-obrach, tha leabhar-làimhe an luchd-obrach agus Pasgan Inntigidh do luchd-obrach ùr air an ùrachadh agus dà mhodal trèanaidh àithnteil ùr air-loidhne air an leasachadh; aon a' dèiligeadh gu sònraichte le tèarainteachd dàta pearsanta.

Faodaidh brisidhean dàta pearsanta a bhith a' gabhail a-steach:

- Ruigsinneachd le treas phàrtaidh neo-ùghdarraichte (mar eisimpleir, cuideigin ann an dachaigh cosnaiche, ma thèid dàta pearsanta a thoirt dhachaigh)
- Gnìomh tuiteamach no a dh'aon ghnothaich
- Cur fiosrachadh chun an neach cheàrr
- Call fiosrachadh, ann am faidhle pàipeir no faidhle coimpiutair
- Atharrachadh air dàta pearsanta gun chead
- Dìth ruigsinneachd/faotainneachd air dàta pearsanta

Bidh briseadh dàta ann uair sam bith a thèid dàta pearsanta a chall, a sgrìobh gun ùghdarras, coirbichte, foillsichte gu mì-laghail, air a ruigsinn gu mì-laghail, air a sgaoileadh às aonais ùghdarras no ma tha an dàta do-fhaotainneach agus gu bheil buaidh chudromach àicheil aig an seo air cuspair an dàta.

Feumaidh brisidhean dàta uile ge 'r bith dè cho beag, a bhith air an aithris don DPO, a chlàras iad ann an Loga Thachartasan. Nuair a tha briseadh air tachairt, agus gu bheil cunnart mor do chòraichean is saorsaichean cuspair an dàta (far am faodadh cron a bhith air adhbharachadh leis a' bhriseadh) no far a bheil buaidh chruaidh aig a' bhriseadh air a' bhuidheann (leithid call ruigsinneachd air clàran dàta pearsanta rè ùine), feumaidh am DPO an Coimiseanair Fiosrachaidh fhiosrachadh taobh a-staigh 72 uair a thìde don bhriseadh tachairt. Ma tha dragh ann a thaobh cron do neach fa leth, feumaidh iadsan a bhith air am fiosrachadh mun bhriseadh.

Dh'fhaodadh fàilligeadh air briseadh aithris nuair a dh'fheumar, toradh ann an càin mhòr air a' bhuidheann.

Cumhachdan Coimiseanair Fiosrachaidh na RA

Is urrainn do dh'Oifis a' Choimiseanair Fiosrachaidh (ICO) gnìomh sparraidh a ghabhail ma lorgas iad buidheann a' briseadh nan riatanasan fo lagh Dìon Dàta. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach peanas airgid suas gu 4% den tionndadh bliadhna cruinneil no €20,000,000 no fios sparraidh ag òrdachadh a'

bhuidhinn gu fhios prìobhaideachd a leasachadh no a' ghiullachd a stad mura leasaichear am fios.

Faodaidh daoine fa leth gearan don ICO ma tha iad den bheachd nach eil buidheann a' làimhseachadh an dàta san dòigh cheart agus faodaidh an ICO airgead dìolaidh a bhuileachadh.

Gnìomhadh Shaoraidhean fo Dhìon Dàta agus GDPR 2018

CÙL-FHIOSRACHADH

Fo Chlàr 2 den Achd Dìon Dàta 2018, faodaidh àireamh chuibhrichte de Shaoraidhean an cur an gnìomh ann an giullachd an dàta. Chan eil ach 2 a tha coltach an cur an sàs ann an suidheachaidhean sònraichte, ann an obair a' Choimisein.

Is iad na prìomh shaoraidhean dàta air am faodadh luchd-obrach a thighinn tarsainn:

1. Artaigil 89 den GDPR agus Clàr 2 de DPA 2018, Pàirt 6 (27) agus (28) – giullachd air dàta eachdraidheil airson adhbharan tasglannaidh air sgàth math a' phobaill a thaobh adhbharan rannsachaidh no staitistigean. Tha Artaigil 89 den GDPR agus earrann 19 den DPA 2018 a' leudachadh shuidheachaidhean sàbhailteachd do shaoranaich, a dh'fheumas a bhith nan àite mus cuirear an saoradh an gnìomh.

Tha còir aig Ùghdarrasan Poblach a tha a' cumail chlàran às leth math a' phobaill le dleastanas laghail gu ruigsinneachd air clàran de luach maireannach sa bheil ùidh poblach, fhaotainn, iomradh, a chonaltradh agus a sholarachadh (ann an cùis a' Choimisein, bidh seo a' còmhdach an Clàr Chroitean) dàta pearsanta a ghiullachd airson adhbharan tasglannaidh.

2. DPA 2018 Caibideil 2, earrann 15(a) agus (b), agus Clàr 2, Pàirt 1 earrann 5(3) – a tha mar (a) fiosrachadh a thaobh mar a dh'fhaodadh tagradh airson prìobhadh proifeiseanta laghail no dìomhaireachd chonaltraidhean, a bhith air a chumail ann an imeachdan laghail, no (b) fiosrachadh a thaobh far a bheil dleastanas dìomhaireachd ri thoirt le comhairliche laghail proifeiseanta do neach-dèiligidh a' chomhairliche. Bha seo aithnichte mar shaoradh prìobhadh laghail earrann 35 fon 1998 DPA agus ag obrachadh san aon dòigh.

CUR AN SAORADH AN GNÌOMH

Ann an cur saoradh an gnìomh, bu chòir dhut a bhith mothachail:

- Feumar gèilleadh do phrionnsapalan dìon dàta/GDPR uile nach eil gu sònraichte anns an t-saoradh.
- Feumaidh gach nì nach eil air a ghleidheadh san t-saoradh a bhith air a ghiullachd gu cothromach agus gu laghail.
- Ma tha saoradh ga chur an gnìomh, feumaidh e a bhith clàraichte.
- Feumar cùram a bharrachd a ghabhail ma tha dàta de sheòrsa speisealta an lùib na giullachd.

NA PRÌOMH SHAOROIDHEAN

Tha saoraidhean an GDPR air am mìneachadh ann an Achd Dìon Dàta 2018. Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn nam prìomh shaoraidhean air am faodadh tu a thighinn tarsainn nad obair. Gheibh thu tuilleadh stiùiridh air làrach-lìn a' Choimiseanair Fiosrachaidh aig www.ico.org.uk. Ma tha teagamh sam bith agad, faigh comhairle bhon Ionad Gèillidh.

Prìomh Shaoradh 1

Giullachd dàta airson adhbharan tasglannaidh a thaobh math a' phobaill airson adhbharan rannsachaidh eachdraidheil no staitisgean.

Na tha seo a' ciallachadh

Eisimpleir:

Gleidheadh dàta eachdraidheil an dèidh giullachd an toiseach, airson eachdraidh an ionad croite a 'leughadh'.

Saoradh a' Choimisein bho Phrionnsapalan GDPR air:

- Cuibhreachadh adhbhair – faodaidh an dàta a bhith air a chleachdadh airson adhbharan seachad air an adhbhar laghail thùsail, ma tha sàbhailteachdan gan leantainn agus gu bheil feum air airson adhbharan rannsachaidh/staitistigeach eachdraidheil, gu math a' phobaill.
- Ùine gleidhidh – ma tha na cumhachan gan coileanadh, chan fheum cuibhreachadh a chur air an ùine glaeidhidh.
- Tha iarrtasan bho chuspairean an dàta, a' gabhail a-steach ruigsinneachd air agus atharrachadh air dàta pearsanta agus cuibhreachadh dàta, air an saoradh ma tha na cumhachan mu choinneamh gnìomhadh saoraidh, air an coileanadh.

Dè am pàirt de na riaghailtean a tha buntainneach?

Artaigil 89 den GDPR agus Clàr 2 den DPA 2018, Pàirt 6 (27) agus (28)

Cumhachan Sàbhailteachd

Tha an GDPR agus an DPA 2018 a' toirt a-steach cumhachan sàbhailteachd a bharrachd a dh'fheumar a choileanadh, mus cuirear an saoradh an gnìomh.

- Feumaidh ceumannan teicnigeach agus eagrachail a bhith nan àite gus a dhèanamh cinnteach nach eil ach an uimhir as lugha de dhàta ga chumail.
- Bu chòir don t-Sealbhadair So-mhaoin Fiosrachaidh dearbhadh gu bheil ceumannan lùghdachaidh dàta air an cur an gnìomh.
- Far a bheil e comasach, cha bu chòir don dàta a tha ri chumail airson adhbharan rannsachaidh/staitistigeach, aithneachadh air na cuspairean dàta a

cheadachadh tuilleadh.

Prìomh Shaoradh 2

- a) Saoradh bho fhiosrachadh a thaobh dìomhaireachd chonaltraidhean, a dh'fhaodadh a bhith air an cumail suas ann an imeachdan laghail, no
- b) Fiosrachadh a thaobh far a bheil aig comhairliche laghail proifeiseanta ri dleastanas dìomhaireachd a thoirt do neach-dèiligidh a' chomhairliche.

Na tha seo a' ciallachadh

Eisimpleir:

Dheigheadh seo a chleachdadh gus dìomhaireachd neach-lagha/neach-dèiligidh a dhìon, mar aig àm iarrtais air Ruigsinneachd Cuspair.

Saoradh smachdairean bho phrionnsapalan GDPR air:

- na prionnsapalan uile aig Artaigil 5 agus caibideil 2 de phàirt 4 den DPA 2018 (cuibhreachadh adhbhair, lùghdachadh dàta, mionaideachd, cuibhreachadh stòrachd, ionracas agus tèarainteachd) ach a-mhàin prionnsapal 1 (cothromach, laghail, fosgarra).
- Còraichean cuspair dàta uile ann an Artaigilean 12-22 den GDPR agus caibideil 3 de phàirt 4 den DPA 2018.

Suidheachaidhean airson dàta pearsanta de sheòrsa speisealta a ghiullachd, às aonais cead cuspair an dàta

Coileanadh Coimisean na Croitearachd a dhleastanasan fo GDPR agus an DPA (2018). Dh'fhaodadh gun tig suidheachaidhean neo-àbhaisteach àraid am bàrr nuair a dh'fheumas am buidheann earbsa a chur ann an aon de na Cumhachan ann an Clàr 1 Pàirt 2 den Achd Dion Dàta 2018.

Dh'fhaodadh gun glèidh e dàta pearsanta sònraichte, ma tha e buntainneach don cheist, agus gun fuireach ri cead, ma tha fianais ann gu bheil am **Poileasaidh Bacadh Foill** aca air a bhriseadh, a rèir Cumha 10 (1) agus (2) de Chlàr 1 den DPA, Pàirt 2. Tha Poileasaidh Bacadh Foill a' Choimisein ga ath-sgrùdadh gach bliadhna. Bhiodh dàta pearsanta air a ghiullachd mar thoradh air amharas brisidh air a' phoileasaidh air a chumail ann an co-rèir ris an ùine gleidhidh a tha mìnichte gu h-ìosal.

Bidh seo cuibhrichte gu suidheachaidhean far a bheil amharas ann gu bheil gnìomh mì-laghail air a choileanadh, mar a leanas:

“Clàr 1 Pàirt 2, Ùidh Phoblach Shusbainteach

Bacadh no comharrachadh ghnìomhan mì-laghail

10(1) Tha an cumha seo air a choileanadh ma tha a' ghiullachd –

- a) Riatanach airson nan adhbharan an lùib bacadh no comharrachadh gnìomh mì-laghail,*
- b) Feumaidh e a bhith air a ghnìomhadh às aonais cead a' chuspair dàta, gus nach bi claonadh air na h-adhbharan sin, agus*
- c) Riatanach airson adhbharan ùidh shusbainteach a' phobaill.*

Mar an ceudna, faodaidh an Coimisean, ann an cùisean far a bheil draghan cudromach gan togail agus fianais ga thaisbeanadh a dh'fheumas rannsachadh leis na h-ùghdarrasan dligheach, dàta pearsanta de sheòrsa speisealta a ghiullachd gun chead a' chuspair dàta, ma tha e buntainneach don rannsachadh, gus am poball a dhìon bho **eas-onair agus mì-rianachd cudromach**, mar a tha mìnichte ann an 11 (1) agus (2) de Chlàr 1, Pàirt 2 den DPA (2018). A-rithist, cha bhiodh an dàta air a ghleidheadh ach dìreach cho fada 's a bha riatanach airson fianais a thional gus a chur air adhart gu na h-ùghdarrasan dligheach airson rannsachadh.

Gu h-anabharrach, far a bheil an Coimisean an sàs ann an, mar eisimpleir, **rannsachadh innsireachd** ceangailte ri eas-onair, mì-chleachdadh no giùlan gu sònraichte mì-cheart, dh'fhaodadh gum bi earbsa aca ann an cumha 12 de Chlàr 1 Pàirt 2 den DPA 2018, ma bhios giullachd riatanach airson adhbharan de dh'ùidh shusbainteach a' phobaill agus nach eil e comasach don smachdair cead a' chuspair dàta fhaotainn gu reusanta.

Uaireannan, thèid iarraidh air a' Choimisean fiosrachadh mionaideach mu chùis a chur air adhart, a' gabhail a-steach fiosrachadh pearsanta, mar thoradh air **iarrtasan bho bhuill thaghte** (BPA agus BP) còmhdaichte le Clàr 1 Pàirt 2 earrann 23 den DPA (2018). Fo earrann 24, faodaidh an dàta bhon t-seòrsa speisealta a thoirt don riochdaire ma tha cumhachan 24 (1) (a) (b) agus (c) air an coileanadh. Ma tha an t-iarrtas gu an riochdaire thaghte a' tighinn bho threas pàrtaidh, bidh an Coimisean a' gabhail cùram gu bheil na cumhachan air am mìneachadh ann an earrann 24 (2) air an coileanadh, mus fhoillsichear dàta pearsanta gun chead.

Is e 5 bliadhna an ùine gleidhidh do phàipearachd BP/BPA, agus airson gearanan mu mhì-rianachd air a rannsachadh le Coimisean nan Inbhean, tha an ùine gleidhidh 6 bliadhna.

Chun na h-ìre gu bheil an **Coimisean a' gnìomhadh mar thribiùnal** ann an cùis àraid sam bith a thaobh Achd Thribiùnal is Rannsachaidh 1992, faodaidh foillseachadh air co-dhùnadh a' Choimisein ann an gnìomhadh sa leithid sin de shuidheachadh, dàta de sheòrsa speisealta a ghiullachd ma tha e riatanach airson adhbharan foillseachaidh a leithid sin de cho-dhùnadh, a thaobh cumhachan 26 de Chlàr 1 Pàirt 2 den DPA 2018. Tha a' mhòr-chuid de fhuincseanan a' Choimisein rianachdail.

Gu h-anabharrach, dh'fhaodadh gun dèan an Coimisean giullachd air dàta de sheòrsa speisealta a thaobh Cumha 6 de Chlàr 1 Pàirt 2 den DPA, far a bheil a' ghiullachd riatanach gus **fuingsean air a buileachadh air Coimisean na Croitearachd tro achdachadh sam bith no riaghailt lagha** a chur an gnìomh agus gu bheil e riatanach airson adhbharan ùidh shusbainteach a' phobaill. Chan eil an Coimisean a' sùileachadh èigheach air a' chumha seo ach ann an suidheachaidhean ainneamh agus anabharrach.

Tha am poileasaidh seo a' cumadh pàirt de loga Pàipearachd GDPR a' Choimisein, ann an co-rèir ri Artaigil 30 agus air a sgaoileadh gu luchd-obrach na buidhne.